

## **Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010**

**Aithisg le Luchd-sgrùdaidh Foghlaim na Banrigh a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim den mholadh le Comhairle na Gàidhealtachd gus sgìre-foghlaim Foghlam Meadhan Gàidhlig a stèidheachadh airson Bun-sgoil Ghleann Urchadain. Gabhaidh an sgìre-foghlaim ùr seo thairis na sgìrean-foghlaim tro mheadhan na Beurla airson Bun-sgoil Ghleann Urchadain, Bun-sgoil Bhaile an Àthain agus Bun-sgoil Channaich.**

**Tha am moladh seo cuideachd a' foirmealachadh an sgìre-foghlaim a tha ann an-dràsta airson Àrd-sgoil Ghleann Urchadain far am bi an sgìre-foghlaim airson Àrd-sgoil Ghleann Urchadain a' buntainn ri Foghlam Meadhan Gàidhlig agus Beurla.**

Am Màrt 2022

## 1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo bho Fhoghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh Foghlaim na Banrigh (Luchd-sgrùdaidh na Banrigh) ann an co-rèir le teirmichean [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#) (“Achd 2010”). ’S e adhbhar na h-aithisg seo beachdachadh neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a libhrigeadh air moladh Comhairle na Gàidhealtachd gus sgìrean-foghlaim a stèidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha mion-fhiosrachadh goirid ann an Roinn 2 na h-aithisge air a’ phròiseas chonaltraidh. Tha Roinn 3 na h-aithisge ag innse beachdachadh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air taobhan foghlaim a’ mholaidh, a’ gabhail a-steach beachdan cudromach aig luchd-comhairle. Tha Roinn 4 a’ toirt geàrr-chunntas air àrd-shealladh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air a’ mholadh. Nuair a gheibhear an aithisg seo, tha Achd 2010 ag òrdachadh gum bi a’ chomhairle a’ beachdachadh air agus an uair sin ag ullachadh aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach. Bu chòir gum bi an aithisg seo an lùib aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach na comhairle, còmhla ri mìneachadh air ciamar, ann an crìoch a chur air a’ mholadh, a rinneadh ath-sgrùdadh air a’ chiad mholadh, a’ gabhail a-steach geàrr-chunntas air puingean a chaidh a thogail anns a’ phròiseas chonaltraidh agus freagairt na comhairle riutha. Feumaidh a’ chomhairle an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aca fhoillseachadh trì seachdainean mus gabh iad an co-dhùnadh mu dheireadh.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- na buaidhean a dh’fhaodadh a bhith aig a’ mholadh air clann agus òganaich sna sgoiltean; agus luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a bhios nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho chaidh am pàipear molaidh fhoillseachadh; agus clann agus òganaich eile ann an sgìre na comhairle;
- buaidhean coltach sam bith eile aig a’ mholadh;
- ciamar a tha a’ chomhairle an dùil buaidhean dona sam bith a dh’fhaodadh tighinn am bàrr bhon mholadh a lùghdachadh no a sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a’ chomhairle an dùil a thig bho thoirt gu buil a’ mholaidh, agus adhbharan na comhairle airson nam beachdan seo a ruigsinn.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh na gnìomhan seo os làimh:

- làthaireachd aig a’ choinneimh phoblaich bhiortual air a chumail air 8 Dùbhlachd 2022 a thaobh molaidhean na comhairle;
- beachdachadh air a h-uile sgrìobhainn iomchaidh a chaidh a sholarachadh leis a’ chomhairle a thaobh a’ mholaidh, gu sònraichte aithris nan sochairean foghlaim agus sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh co-cheangailte, freagairtean sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan is eile; agus
- beachdachadh bhiortual le luchd-comhairleachaidh buntainneach.

## 2. Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle na Gàidhealtachd os làimh co-chomhairleachadh air a’ mholadh/na molaidhean aca a thaobh [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#). Ruith an co-chomhairleachadh foirmeil bho 29 Samhain 2021 gu 4 Gearran 2022. Chaidh am pàipear molaidh a sgaoileadh gu raon farsaing de luchd-ùidhe. Chaidh cuireadh a thoirt do luchd-compàirt freagairt a thoirt don cho-chomhairleachadh reachdail le litir no gu dealanach. Cha mhòr nach robh na freagairtean air fad bho dhaoine aig an robh ceangal ri Bun-sgoil Ghleann Urchadain. Bha trì freagairtean sgrìobhte ann. Chuir Bòrd na Gàidhlig agus Comann nam Pàrant taic ris na

molaidhean. Chaidh beachdan cloinne aig ìre na bun-sgoile a shireadh. Mhìnich iad na buannachdan a dh'fhaodadh a bhith an lùib an cuid foghlaim nam biodh barrachd dhaoine òga ag ionnsachadh Gàidhlig. Bha iad a' faireachdainn gum faodadh sgìre-sgoile na bu mhotha an àireamh a bhiodh a' dèanamh Foghlam Meadhan Gàidhlig a leudachadh. Sna co-chonaltraidhean comhairleachaidh, aig a' choinneimh phoblaich agus ann am freagairtean sgrìobhte, thuirt an luchd-co-chomhairleachaidh gum bu chòir dhan sgìre-sgoile a bhith na bu mhotha. A thuilleadh air sin, mhol an luchd-co-chomhairleachaidh nach bu chòir an sgìre-sgoile a bhith air a cuingealachadh gu sgìre sgoile Àrd-sgoil Ghleann Urchadain. Bha iad dhen bheachd gum bu chòir dha na sgìrean-sgoile cothrom a thoirt do dh'àireamh cho mòr 's a ghabhadh de chlann, a bha a' fuireach aig astar reusanta bhon àrd-sgoil, cothrom a bhith aca air Foghlam Meadhan Gàidhlig.

### 3. Taobhan foghlaim a' mholaidh

3.1 Tha am moladh seo bhon chomhairle, ma thèid aontachadh ris, a' foirmealachadh na sgìre-foghlaim a tha ann an-dràsta airson Àrd-sgoil Ghleann Urchadain mar a bhith a' buntainn ri Foghlam Meadhan Gàidhlig cuideachd. Bhiodh an sgìre-sgoile seo cuideachd a' buntainn ris an t-solar Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Bun-sgoil Ghleann Urchadain. Tha seo a' cuideachadh na comhairle ann a bhith a' coinneachadh ri amasan am Plana Gàidhlig. Tha an luchd-co-chomhairleachaidh a' gabhail ris gu bheil an sgìre-sgoile a tha air a moladh, a' tabhann solar ionadail 2-18 tro mheadhan na Gàidhlig. Aig an àm a tha an làthair, tha daoine òga a' siubhal a-mach às an sgìre ionadail airson foghlam àrd-sgoile. Tha a' chomhairle air tòiseachadh a' planadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig a bhith ri fhaotainn ann an Àrd-sgoil Ghleann Urchadain bhon Lùnastal 2022. Is e leasachadh a tha seo a chaidh a ghabhail ris gu math agus tha e a' neartachadh nam buannachdan foghlaim a tha co-cheangailte ris a' mholadh. Bhathar a' faireachdainn gun robh an solar àrd-sgoile ionadail a' toirt taic do sheasmhachd Foghlam Mheadhan Gàidhlig san sgìre-sgoile. Tha a' chomhairle air co-chomhairleachadh a dhèanamh mun mholadh le ceannard Àrd-sgoil Ghleann Urchadain. Bu chòir dhaibh cuideachd co-chomhairleachadh a dhèanamh ris an luchd-obrach agus na daoine òga.

3.2 Bha an luchd-co-chomhairleachaidh a' faireachdainn gun robh na molaidhean a' toirt soilleireachd anns a' bhad mun dòigh sa bheil clann agus daoine òga a' faighinn cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig adhartach. Tha beagan chùisean fad-ùine air a bhith air an togail co-cheangailte ri rùm gu leòr san àm ri teachd ann am Bun-sgoil Ghleann Urchadain. Tha iad sin co-cheangailte ri meudachadh ann an àireamh nan sgoilearan. Tha ùidh aig àireamh de luchd-co-chomhairleachaidh ann an tuilleadh conaltraidh a dhèanamh ris a' chomhairle mu dheidhinn mar a chuidicheadh sgìre-sgoile na bu mhotha le Foghlam Meadhan Gàidhlig adhartachadh. Dh'innis a' chomhairle aig a' choinneimh phoblaich gun robh iad deònach a dhol an sàs sa chonaltradh seo. Bu chòir dhan seo a bhith air a thoirt air adhart a-nis.

### 4. Geàrr-chunntas

Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air beachdachadh air moladh Comhairle na Gàidhealtachd gus sgìrean sgoile foghlaim a stèidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Àrd-sgoil Ghleann Urchadain agus Bun-sgoil Ghleann Urchadain. Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh ag aontachadh gu bheil comas aig a' mholadh buannachdan foghlaim a libhrigeadh. San aithisg dheireannaich aca, feumaidh a' chomhairle dearbhadh a bheil iad a' dol a mheudachadh na sgìre-sgoile mar a chaidh iarraidh leis an luchd-co-chomhairleachaidh. Tha an luchd-co-chomhairleachaidh dealasach mu bhith a' fàs Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha iad a' faicinn meudachadh san sgìre-sgoile mar cheum cudromach a dh'ionnsaigh fàs. Bhiodh e cuideachd cudromach soilleireachadh a dhèanamh air uallachaidhean mu chomas na bun-sgoile gabhail ri meudachadh ann an clàraidhean sgoilearan. Anns an aithisg dheireannaich aca, feumaidh a' chomhairle dèanamh soilleir ciamar a nì pàrantan iarrtasan san àm ri teachd airson solar Foghlam Meadhan

Gàidhlig a bharrachd a stèidheachadh, a rèir Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016. Bu chòir dhaibh sin a dhèanamh le aire shònraichte do sgìrean dùthchail.

## **Luchd-sgrùdaidh na Banrigh Màrt 2022**